



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

COMATAIDH NA Gàidhlig

Minute of Meeting held in the Council Offices,
Stornoway on Tuesday 24 September 2024 at 4.00pm

Geàrr-chunntas na Coinneimh a chaidh a cumail ann an
Oifisean na Comhairle, Steòrnabhagh air Dimàirt 24
Sultain 2024 aig 4.00f

PRESENT

Mr Donald Macsween (Chair)
Mr Uisdean Robertson (Vice-Chair)
Mr Kenneth Macleod
Mr John A Maciver
Mr Calum Maclean
Mr Duncan Macinnes MBE
Mr Gordon Murray

AN LÀTHAIR

Mgr Dòmhnall MacSuain (Cathair)
Mgr Ùisdean MacDhonnchaidh (Iar-Cathair)
Mgr Coinneach MacLeòid
Mgr Iain A MacIomhair
Mgr Calum MacIlleathain
Mgr Donnchadh MacAonghais MBE
Mgr Gordon Moireach

MEMBERS IN ATTENDANCE

Mr Iain A MacNeil
Mr Kenneth M Macleod
Mr Norman Misty Macdonald
Mr Ranald Fraser

BUILL AN LÀTHAIR

Mgr Iain A MacNeil
Mgr Coinneach M MacLeòid
Mgr Tormod Dòmhnallach
Mgr Ragnall Friseal

OFFICERS IN ATTENDANCE

Mr Malcolm Burr
Dr Donald Weir
Mr Donald Macleod
Mr Colin G Morrison
Mr Derek Mackay
Mrs Evelyn Coull-Macleod
Mrs Marina Macaulay

OIFIGEARAN AN LÀTHAIR

Mgr Malcolm Burr
An t-Oll Dòmhnall Weir
Mgr Dòmhnall MacLeòid
Mgr Cailean S Moireasdain
Bh-ph Evelyn Coull-NicLeòid
Mgr Derek MacAoidh
Bh-ph Marina NicAmhlaigh

MINUTES

- 1 Minute of Meeting of 18 June 2024

The Minute of Meeting of 18 June 2024 was **approved**.
- 2 Declaration of Interest

There were no declarations of interest.

GEÀRR-CHUNNTASAN

- 1 Geàrr-chunntas na Coinneimh air 18 Og Mhios 2024

Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 18 Og Mhios 2024.
- 2 Clàradh Ùidh

Cha deach ùidh a chlàradh ann an cuspair sam bith.

PRESENTATION

3 Strategic Gaelic for Libraries and Adult Learning

Presentation by Renee Mason, Libraries Manage, and Morag Fletcher, Adult Learning Manager

Renee Mason, Libraries Manager, and Morag Fletcher, Adult Learning Manager, gave a Presentation on Strategic Gaelic for Libraries and Adult Learning.

The Chairman invited Mr Boyd to give a Presentation to the Committee.

Following the Presentation, Members were afforded an opportunity to ask questions.

The Chair thanked Iain Boyd for his informative presentation

Municipal Services – Gaelic Plan

Presentation by David Macleod, Head of Municipal Services

The Chairman invited Mr David Macleod, Head of Municipal Services, Comhairle nan Eilean Siar, gave a Presentation on the Gaelic Plan for Municipal Services.

Following the Presentation, Members were afforded an opportunity to ask questions.

The Chair thanked David Macleod for his informative presentation

GAELIC LANGUAGE PLAN

4 Gaelic Student Placement Scheme

The Chief Executive submitted a Report which provided information in relation to the Gaelic Student Placement Scheme 2024. The Report stated that the Scheme had been running for many years and had been very successful in developing the Gaelic skills of students and giving them valuable experience of a professional work environment.

It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report.

5 Application for Financial Assistance: Comunn na Gàidhlig: Gaelic Development Conference

TAISBEANADH

3 Ro-innleachd Ghàidhlig airson Leabharlannan agus Ionnsachadh Inbheach

Taisbeanadh le Renee Mason, Manaidsear Leabharlannan agus Mòrag Nic an Fhleisteir, Manaidsear Ionnsachadh Inbheach.

Dh'iarr an Neach-cathrach air Renee Mason, Manaidsear Leabharlann agus Mòrag Nic an Fhleisteir, Manaidsear Ionnsachadh Inbheach libhrigeadh don Chomataidh.

An dèidh an Taisbeanaidh, fhuair Buill cothrom ceistean fhaighneachd.

Thug an Neach-cathrach taing do Renee Mason agus Mòrag Nic an Fhleisteir airson an Taisbeanaidh fhiosrachail aca.

Seirbheisean na Comhairle, Plana Gàidhlig

Taisbeanadh le Daibhidh MacLeòid, Ceannard Sheirbheisean na Comhairle

Dh'iarr an Neach-cathrach air Daibhidh MacLeòid, Ceannard Sheirbheisean na Comhairle libhrigeadh don Chomataidh.

An dèidh an Taisbeanaidh, fhuair Buill cothrom ceistean fhaighneachd.

Thug an Neach-cathrach taing do Daibhidh MacLeòid airson an Taisbeanaidh fhiosrachail aige.

PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG

4 Sgeama Greis Gnìomhachais 2024

Chaidh Aithisg a dheasachadh leis an Àrd-Oifigear a thug seachad fiosrachadh mu dheidhinn Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach 2024.

Sgeama seo air a bhith a' ruith airson iomadh bliadhna, 's e air a bhith air leth soirbheachail ann a bhith a' toirt cothrom dha oileanaich an sgìlean Gàidhlig a leasachadh, agus eòlas a thoirt dhaibh air a bhith ag obair ann an àite-obrach proifeiseanta

Chaidh aontachadh ri moladh gun toireadh a' Comhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge

5 Iarrtas airson Taic-airgid – Comunn na Gàidhlig: Co-labhairt Leasachaidh na Gàidhlig

The Chief Executive submitted a Report in relation to an application for financial assistance from Comunn na Gàidhlig (CnAG) towards the costs of organising a Gaelic Conference in Stornoway on 25 February 2025 as part of a series of events to mark the 40th anniversary since CnAG was founded.

It was agreed to recommend that the Comhairle approve that the sum of £4,000 be awarded to CnAG towards the cost of the Gaelic Development Conference, on such terms and conditions as the Chief Executive shall determine.

URGENT ITEM

6 P1 Gaelic Medium Enrolment 2024

The Chief Officer for Education and Children's Services submitted a Report which provided an update in relation to Gaelic Medium Education enrolment into P1 in 2024. The Report stated that the confirmation of a 12% drop in GME P1 enrolment in 2024, schools were surveyed and an analysis was undertaken of reasons and contributing factors to this reduction in uptake. A report was provided in the appendix to the Report that set out the findings of the analysis and proposed actions to address issues in 2025.

It was agreed to recommend that the Comhairle note the Report and appendix and support the work of the Education and Children's Services Department to increase GME P1 enrolment.

Chaidh Aithisg a dheasachadh leis an Àrd-Oifigear a thug seachad fiosrachadh mu dheidhinn iarrtas bho Chomunn na Gàidhlig (CnAG) airson taic airgid de £4,000 gus cuideachadh le cosgais co-labhairt Ghàidhlig ann an Steòrnabhagh air 25^{mh} Gearran 2025, fhad 's a tha Seachdain na Gàidhlig air, mar phàirt de sreath de thachartasan gus stèidheachadh CnAG o chionn 40 bliadhna a chomharrachadh.

Chaidh aontachadh ri moladh gum bi maoineachadh de £4,000 air a thoirt do ChnAG a thaobh cosgais co-labhairt leasachadh na Gàidhlig, a rèir theirmean agus chùmhnanntan air am mineachadh leis an Àrd-oifigear.

NI ÈIGINNEACH

6 Clàradh Foghlam Tro-Mheadhan na Gàidhlig 2024

Chaidh Aithisg a dheasachadh leis an Àrd-Oifigear a thug seachad fiosrachadh mu dheidhinn chlàrachadh Foghlan tro Meadhan na Gàidhlig gu C1 ann an 2024.

de 12% fhaicinn ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an clàradh Clas 1 ann an 2024, chaidh sgrùdadh a dhèanamh le sgoiltean. Chaidh mion-sgrùdadh a dhèanamh air an fhiosrachadh bho sgoiltean agus an dàta a bh' againn. Tha aithisg ann am pàipear-taice a tha a' mineachadh an fhiosrachaidh bhon obair sin agus na gnìomhan a thathar a' moladh gus clàrachadh FMG àrdachadh ann an 2025.

Chaidh aontachadh ri moladh gun toireadh a' Comhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge agus don phàipear-taice agus gun cuir iad taic ri obair Roinn an Fhoghlaim & Seirbheisean Chloinne gus àireamh sgoilearan FMG Clas 1 àrdachadh.

